

English text below

Iarrtas Measaith FBMG – Baile Ghlaschu

Achd Foghlam Alba (2016)

Pròiseas Làn Mheasaith air a thòiseachadh leis an Ùghdarris Ionadail air 8 Giblean 2022

Freagairt bho Bhòrd na Gàidhlig

Ceann-latha: 3 Cèitean 2022.

A rèir a' chonaltraidh bhon Ùghdarris Ionadail faicibh an fhreagairt a leanas bho Bhòrd na Gàidhlig.

Ro-ràdh

Tha an Làn Mheasadh FBMG a tha an t-Ùghdarris Ionadail a' dèanamh a' gabhail àite taobh a-staigh nan co-theacsan gu h-ìosal:

- Rinneadh ciad mheasadh agus tha an t-Ùghdarris Ionadail a-nis a' gluasad gu làn mheasadh.
- Tha còrr is còignear cloinne san aon bhliadhna a' sireadh Foghlam Bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig (FBMG) agus tha an t-Ùghdarris Ionadail a' co-dhùnadh nach urrainn dhaibh gealltann gun tèid àiteachan gu leòr a sholarachadh gus coinneachadh ris an iarrtas.
- Is e sgire na Comhairle gu lèir an raon airson làn mheasadh
- Tha an t-Ùghdarris Ionadail air co-dhùnadh gum faodadh gu bheil feum ann air FBMG.
- A rèir fiosrachadh bhon Ùghdarris Ionadail, air 8 Giblean 2022, bha 176 pàiste clàraichte airson FBMG agus chan eil ach 140 àite rim faighinn an-dràsta ann am Baile Ghlaschu.
- Chaidh fiosrachadh a bharrachd a thoirt a-steach mu phlanaichean làithreach gus solar FBMG a leudachadh gu 180 àite ro 2027.

Tha sinn cuideachd a' toirt fa-near cho siòr shoirbheachail 's a tha FBMG agus foghlam Àrd-sgoile agus Tràth-bhliadhnaichean tro mheadhan na Gàidhlig ann am Baile Ghlaschu agus mar a tha an àireamh cloinne is dhaoine òga a tha a' faighinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig san Ùghdarris a' dol an-àirde bliadhna às dèidh bliadhna. Bu mhath leinn meal a naidheachd a chur air Sgioba Stiùiridh agus Luchd-obrach FBMG airson an soirbheachaidh agus an uiread a tha iad a' dèanamh a thaobh lìbhrigeadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig airson theaghlaichean ann an Glaschu.

Làn Cho-dhùnайдhean Measadh

Tha sinn ag aontachadh gum bu chòir don Ùghdarris Ionadail FBMG a lìbhrigeadh don h-uile pàiste a tha a' sireadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig nuair a thòisicheas iad foghlam bun-sgoile san Lùnastal 2022.

Tha sinn mothachail gun tuirt an t-Ùghdarris Ionadail gun deach aca air coinneachadh ri iarrtas ann an seisean 2021-22. Ach, tha sinn a' tuigsinn gun do chuir an t-Ùghdarris Ionadail cuibhreachadh air



inntrigeadh, a' ciallachadh gun deach àiteachan ann am FBMG a dhiùltadh do ghrunn theaghlaichean. Bidh e cudromach soilleireachadh an do thachair seo ann an seisean 2021-22.

Ann am prionnsabal, is e ar beachd gum bu chòir foghlam a thoirt do gach teaghlaich ann an Glaschu an dara cuid tro mheadhan na Gàidhlig neo Beurla, a rèir roghainn phàrantan. Bhiodh e uile gu lèir mi-chothromach do luchd-còmhnaidh an Ùghdarrais Ionadail nan deigheadh an roghainn seo a thoirt do chuid de theaghlaichean, agus gun deigheadh a dhiùltadh do chuid eile faighinn a-steach don FBMG a tha an t-Ùghdarris Ionadail a' solarachadh.

Tha sinn cuideachd a' toirt fa-near na leanas:

- I. Tha an t-Ùghdarris Ionadail gu ceart a' dèanamh Làn Mheasadh a rèir Earrann 1.47 den Stiùireadh Reachdail. Tha freagairt a' Bhùird taobh ann an co-theacs Earrann 1.50.
- II. Bheir sinn beachd air na feartan àithnteil mar a chaidh a chomharrachadh ann an Earrann 1.51 agus 1.52
 - a. Tha an fhianais staitistigeil a thug an t-Ùghdarris Ionadail seachad, san iarrtas aca airson freagairt co-chomhairleachaidh bho Bhòrd na Gàidhlig, a' toirt seachad fianais gu leòr gu bheil iarrtas air feadh sgìre an ùghdarrais foghlaim. Tha tuilleadh fianais mu fhàs san iarrtas airson FBMG taobh anns an Ùghdarris Ionadail, ri faighinn ann an Earrann Dàta Foghlaim air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig.
 - b. Chan eil solar làithreach FBMG a' coinneachadh ris an iarrtas a tha a' sior fhàs anns an Ùghdarris Ionadail agus mar sin tha feum air solar a bharrachd.
 - c. Tha an t-Ùghdarris Ionadail air fianais a thoirt seachad co-cheangailte ri solar FBMG làithreach agus air fianais staitistigeil a thoirt seachad nach eil an solar a th' ann an-dràsta gu leòr.
 - d. Mar phàirt de dh'ath-bhreithneachadh ro-innleachdail, bu chòir don Ùghdarris Ionadail sgrùdadh a dhèanamh air rèiteachaidhean eadar-amail far am faodar cothrom air FBMG a thabhan ann an Ùghdarrasan Ionadail eile a tha faisg air làimh.
 - e. Bu chòir don Ùghdarris Ionadail ath-bhreithneachadh a dhèanamh air an oighreachd aca agus dearbhadh dè an dòigh as fheàrr air àiteachan a bharrachd a sholarachadh. Tha Cathair-bhaile Ghlaschu ann an suidheachadh buannachdail le oighreachd bhailteil anns a bheil goireasan taobh a-staigh astar siubhail reusanta Tha sinn cuideachd a' tuigsinn gu bheil àiteachan rim faighinn an-dràsta taobh a-staigh oighreachd Bun-sgoile FMG gus na h-àiteachan a tha a dhith a thoirt seachad.
 - f. Cha bu chòir cosgais a bhith na bhacadh air leudachadh. Mar a tha sinn a' toirt fa-near anns na beachdan deireannach againn, tha fianais shoilleir ann gu bheil gluasad càin a-nis a' tachairt. Bu chòir an riarachadh per capita a chleachdadh airson solar FBMG a chur an-àirde agus sruthan maoineachaидh sònraichte bho Riaghaltas na h-Alba a chleachdadh gus taic a thoirt do obair an Ùghdarrais Ionadail ann a bhith a' leudachadh solar. Tha sinn a' toirt fa-near cuideachd gu bheil fèill mhòr air an t-siostam FBMG sa bhaile mar-thà le clasaichean gu tric aig no faisg air a chrìoch



àireimh as àirde. Mar thoradh air sin, tha solar FBMG ga lìbhrigeadh gu ìre mhòr tro chaiteachas per capita.

- g. Tha trusadh luchd-teagaisg ga aithneachadh mar dhùbhlan nàiseanta. Ach tha Baile Ghlaschu air a bhith soirbheachail a' fastadh luchd-obrach. Tha sinn a' moladh mar phàirt de dh'Ath-bhreithneachadh Ro-innleachdail gun tèid cruinneachadh fianais staitistigeil a thaobh threandan a ghabhail a-steach san raon-dleastanais. Bu chòir an fhianais staitistigeil seo air gluasad cànan a chleachdad gus Ro-innleachd Fastadh Luchd-obrach FMG a chruthachadh.
- h. Ann an còmhraidhean mu FBMG roimhe seo tha an t-Ùghdarris Ionadail air a' cheist a thogail mu leantalachd foghlaim gus dèanamh cinnteach gum faigh a h-uile pàiste ann am FBMG sa Bhaile cothrom air foghlam àrd-sgoile MG. Tha sinn ag aontachadh gum bu chòir seo a bhith na phrìomh ghealladh ann an solar san àm ri teachd. Ma thèid àireamh luchd-inntrigidh FBMG ann an 2022 thairis air an t-solar a th' ann andràsta ann am FMG Àrd-sgoile, bidh cothrom aig an Ùghdarris Ionadail solar àrd-sgoile a bharrachd a leasachadh ro dheireadh na deichead seo. Is e a' chùis as mothaid aig an ìre seo leantalachd ann an solar FMG eadar Tràth-bhliadhnaichean agus Bunsgoil oir tha seo na chùis dragh làithreach anns an Ùghdarris.
- i. Dh'ainmhich Plana Gàidhlig Bhaile Ghlaschu 2017-22 5 prìomh amasan leis na leanas mar Amas Àir. 1:

"solarachadh foghlam agus ionnsachadh Gàidhlig nar sgoiltean"

Tha seo a' cur FBMG agus Ionnsachadh na Gàidhlig aig cridhe Dealbhadh Gàidhlig san Ùghdarris Ionadail. Mar sin tha solar seirbheisean FBMG iomchaidh don a h-uile duine a tha a' taghadh Foghlam Gàidhlig na phrìomh eileamaid den ro-innleachd airson taic a thoirt don chànan.

Thuirt Plana Gàidhlig 2017-22 cuideachd

"Tha an ro-innleachd againn air a bhith èifeachdach ann a bhith ag àrdachadh àireamhan ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig gu luath agus ann a bhith a' cumail an-àirde deagh iomhaigh den chànan ann an Glaschu."

Bu chòir gum biodh solar seirbheisean FBMG iomchaidh a-nis aig cridhe chòisean, a' togail air an t-soirbheachas a tha an t-Ùghdarris Ionadail air a thoirt gu buil.

Tha an ath chuairt de Phlana Gàidhlig Ghlaschu (2022-27) a-nis ga leasachadh le taic bho Bhòrd na Gàidhlig. Is e seo an 4mh deasachadh den phlana agus thathar an dùil gum bi e a' gabhail a-steach geallaidhean farsaing agus lèirsinneach bhon Ùghdarris Ionadail agus e a' togail air soirbheachadh a rinneadh roimhe.

Tha sinn a' toirt fa-near an t-Amas Àrd ìre a leanas, a chaidh aontachadh airson Plana Gàidhlig Bhaile Ghlaschu 22-27:

"Leantainn air adhart a' leasachadh phlanaichean airson leudachadh air foghlam bun-sgoile agus àrd-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig ann an Glaschu."



Gun teagamh bidh cothromachd do theaghlaichean uile ann an Glaschu na phrìomh eileamaid ann am planadh ro-innleachdail co-cheangailte ri leudachadh air solar Bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig.

Geàrr-chunntas Co-dhùnaidh.

Tha sinn a' moladh gun stèidhich an t-Ùghdarris Ionadail Buidheann Ath-bhreithneachaidh Ro-innleachdail le riochdachadh Àrd Cheannardan gus plana lìbhrigidh bliadhnaileasachadh airson barrachd solar FBMG, leis an amas gum bi seirbheisean FBMG rim faighinn airson a h-uile neach-còmhnaidh ann an Glaschu a dh'iarras iad.

Tha e follaiseach gu bheil gluasad càin san Ùghdarris Ionadail a-nis a' fàs nas luaithe, le barrachd luchd-còmhnaidh a' Bhaile a' roghnachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Bidh buaidh mhòr aig seo air solar foghlaim ann an Glaschu. An-dràsta tha mu 2% den chloinn uile ann am Foghlam Bun-sgoile ann an Glaschu a' faighinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus tha coltas ann gun èirich seo gu 3 neo 4% anns na seiseanan a tha ri thigheann.

Chan eil e soilleir am bi 180 àite airson FBMG ro 2027 gu leòr. Gu dearbh, tha na h-àireamhan a thug an t-Ùghdarris Ionadail seachad airson tòiseachadh san Lùnastal 2022, ga fhàgail gu math eu-coltaich leis gu bheil 176 pàiste an-dràsta a' sìreadh àiteachan FMG Bun-sgoil 1 airson an Lùnastail 2022.


Tha e a-nis deatamach gun dèan an t-Ùghdarris Ionadail ath-bhreithneachadh ro-innleachdail farsaing air mar a lìbhrigeas iad FMG agus mar as urrainn dhaibh solar a leasachadh agus a leudachadh.

Dh'aithnich Plana Gàidhlig Bhaile Ghlaschu 2017-22 gu bheil e:

"soilleir gu bheil prìomh àite aig làrnachdan agus cuideachd buidhnean coimhearsnachd ann an leudachadh na Gàidhlig"

Bu chòir don ath-bhreithneachadh seo làn chonaltradh a dhèanamh le làrnachdan agus luchd-cùram ann an Glaschu gus lànanamh cinnteach gu bheil taic ann airson co-dhùnaidhean ro-innleachdail air feadh an Ùghdarrais Ionadail.

Bidh Bòrd na Gàidhlig glè thoilichte comhairle agus taic phroifeiseanta a thoirt seachad gus am bi Buidheann Ath-bhreithneachaidh Ro-innleachdail comasach air ro-innleachd fharsaing ùr a dhealbh agus a lìbhrigeadh, a dh'aithnicheas an gluasad càin seo agus a bheir seachad seirbheisean FBMG don h-uile duine ann an Glaschu.



Shona Nicllinnein

Ceannard, Bòrd na Gàidhlig



Bòrd na Gàidhlig,
Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn,
Inbhir Nis, IV3 8NW

Bòrd na Gàidhlig,
Great Glen House, Leachkin Road,
Inverness, IV3 8NW

+44 [0] 1463 225454
oifis@gaidhlig.scot
www.gaidhlig.scot



GMPE Assessment Request – City of Glasgow

Education Scotland act (2016)

Full Assessment Process initiated by the Local Authority on the 8th April 2022

Response from Bòrd Na Gàidhlig

Date: 3 May 2022.

Further to the communication from the Local Authority please find the following response from Bòrd na Gàidhlig.

Introduction

The GMPE Full Assessment being conducted by the Local Authority is taking place within the undernoted contexts:

- An initial assessment has taken place and the Local Authority is now moving to full assessment.
- There are more than 5 children in the same year group seeking Gaelic-medium Education Primary provision (GMPE) and the Local Authority is concluding that it cannot guarantee that sufficient spaces will be provided to meet the demand.
- The area for full assessment will be the entire Council area
- The Local Authority has determined that there is a potential need for GMPE.
- According to the information supplied by the Local Authority, as of the 8th of April 2022, 176 children have been registered for GMPE with the current availability of spaces within the City of Glasgow identified as being 140
- Additional information has been included on current plans to expand GMPE provision to provide 180 spaces by 2027.

We furthermore noted the continuous success of GMPE and Gaelic-medium Secondary and Early Years provision within the City of Glasgow and the year on year increases in the numbers of children and young people who are being educated through the medium of Gaelic within the Authority. We would like to congratulate the Leadership Team and the GME Staffing team within the city on their successes and on the valuable contributions they are making for families in Glasgow to the delivery of the National Plan for Gaelic.

Full Assessment Conclusions

We agree that the Local Authority should deliver GMPE for all children who seek education through the medium of Gaelic on entry into primary education in August 2022.

We have noted that the Local Authority has stated that it was able to meet demand in the session 2021-22 however it is our understanding that a cap on admission was put in place by the Local Authority, resulting in a number of families being refused places in GMPE. It will be important to clarify whether this took place in session 2021-22.



Bòrd na Gàidhlig,
Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn,
Inbhir Nis, IV3 8NW

Bòrd na Gàidhlig,
Great Glen House, Leachkin Road,
Inverness, IV3 8NW

+44 [0] 1463 225454
oifis@gaidhlig.scot
www.gaidhlig.scot



In principle it is our view that every family in Glasgow should be provided with education either through the medium of Gaelic or English, according to parental choice. It would be fundamentally unfair to residents of the Local Authority if some families were provided with this option, whilst others were refused entry into the GMPE provided by the Local Authority.

We furthermore note the following:

- III. The Local Authority is correctly undertaking a Full Assessment in line with Section 1.47 of the Statutory Guidance. The Bòrd response is within the context of Section 1.50.
- IV. We will comment on the mandatory factors as noted in Sections 1.51 and 1.52
 - j. The statistical evidence provided by the Local Authority, in its request for a consultation response from Bòrd na Gàidhlig, provides ample evidence that there is a demand throughout the education authority area. Further evidence for growth in demand for GMPE within the Local Authority, is available in the Education Data Section of the Bòrd na Gàidhlig website.
 - k. Existing GMPE provision does not meet the growing demand within the Local Authority therefore additional provision is required.
 - l. The Local Authority has provided evidence relating to existing GMPE provision and has provided statistical evidence that its current provision is insufficient.
 - m. As part of a strategic review, the Local Authority should explore interim arrangements where access to GMPE in other adjacent Local Authorities may be facilitated.
 - n. The Local Authority should review its estate and determine how best it can provide additional accommodation. The City of Glasgow is in an advantageous position with an urban estate comprising of facilities within comparatively easy travelling distances. We also understand that there is currently accommodation available within the GME Primary estate to provide the required capacity.
 - o. Costs should not be a barrier to expansion. As we note in our concluding remarks, there is clear evidence that language shift is now taking place. The per capita allocation should be deployed to increase GME provision and specific funding streams provided by the Scottish Government utilised to support the work of the Local Authority in expanding provision. We note also that the GME system within the city has considerable uptake already so that classes are often at or close to maximum capacity. As a consequence, GME provision is being delivered largely through per capita spend.
 - p. Acquiring teaching staff is acknowledged as a challenge nationally. However the City of Glasgow has been successful in recruiting staffing. We recommend that as part of a Strategic Review the gathering of statistical evidence regarding trends is included in the remit. This statistical evidence of language shift should be used to construct a GME Staffing Recruitment Strategy for GME.
 - q. In previous conversations regarding GMPE the Local Authority has raised the issue of continuity of education to ensure that GME Secondary provision can be accessed



by all children in GMPE in the City. We agree this should be a core commitment in future provision. Should a GMPE intake in 2022 exceed current provision in Secondary GME, the Local Authority will have ample time to develop additional Secondary provision for the end of this decade. The over-riding concern at this point is continuity of GME provision between GME Early Years provision and GME Primary as this is a live issue now within the Authority.

- r. The Gaelic Language Plan for the City of Glasgow 2017-22 listed 5 key objectives with the following as Objective No. 1:

“the provision of Gaelic education and learning in our schools”

This places GME and Gaelic Learning at the heart of Gaelic Language Planning in the Local Authority. Consequently the provision of adequate GME services for everyone choosing Gaelic Education is a core element in the strategy to support the language.

The Gaelic Language Plan 2017-22 furthermore stated

“Our strategy has been effective in rapidly increasing the numbers in Gaelic Medium Education and in maintaining a positive profile for the language in Glasgow”

The provision of adequate GME services should now feature centre stage, building on the success the Local Authority has delivered.

The next iteration of the Gaelic Language Plan for Glasgow (2022-27) is now being developed with the support of Bòrd na Gàidhlig. This will be the 4th edition of the plan and it is expected that it will include far-reaching and visionary commitments from the Local Authority as it builds on previous successes.

We note the following High Level Aim, which has been agreed for the City of Glasgow Gaelic Language Plan 22-27:

“Continue to develop plans for the expansion of Gaelic-medium primary and secondary education provision in Glasgow.”

The provision of equity for all families in Glasgow will of course be a central element therefore in strategic planning relating to the expansion of Gaelic-medium Primary provision.

Summary Conclusion.

We recommend that the Local Authority sets up a Strategic Review Group with Senior Leadership representation to develop an annual delivery plan for increased GME provision, with the goal that GME services are available for all residents of Glasgow who opt for this choice.

It is apparent that a language shift within the Local Authority is now gathering pace, with more residents of the City opting for education through the medium of Gaelic. This will have considerable reverberations for educational provision in Glasgow. Currently around 2% of all children in Primary Education in Glasgow are educated through the medium of Gaelic and this is likely to grow to 3 or 4 % in forthcoming sessions.



Bòrd na Gàidhlig,
Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn,
Inbhir Nis, IV3 8NW

Bòrd na Gàidhlig,
Great Glen House, Leachkin Road,
Inverness, IV3 8NW

+44 [0] 1463 225454
oifis@gaidhlig.scot
www.gaidhlig.scot



It is unclear whether 180 spaces for GMPE by 2027 will be sufficient. Indeed, the statistics provided by the Local Authority for intake in August 2022, make this highly unlikely given that 176 children are currently seeking GME Primary 1 spaces for August 2022.

It is now crucial that the Local Authority engages in a comprehensive strategic review of how it delivers GME and how it can improve and extend provision.

The City of Glasgow Gaelic Language Plan 2017-22 recognised that

“It’s clear that parents and also community groups have a key role in the expansion of Gaelic”

This review should engage fully with parents and carers in Glasgow to ensure that support for strategic decision-making is widespread across the Local Authority.

Bòrd na Gàidhlig will be very happy to provide professional advice and support to enable a Strategic Review Group to devise and deliver a new comprehensive strategy, which recognises this language shift and provides GME services for everyone in Glasgow.

Shona NicUllinnein

Shona NicUllinnein

Ceannard, Bòrd na Gàidhlig

shona@gaidhlig.scot



Bòrd na Gàidhlig,
Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn,
Inbhir Nis, IV3 8NW

Bòrd na Gàidhlig,
Great Glen House, Leachkin Road,
Inverness, IV3 8NW

+44 [0] 1463 225454
oifis@gaidhlig.scot
www.gaidhlig.scot

